

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle Inbhir Chluaidh gus sgìre-foghlaim Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg.

Am Màrt 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir le teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). ’S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle Inbhir Chluaidh gus sgìre-foghlaim bun-sgoile a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Chnoc a’ Chonaisg. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a’ phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-comhairle. Tha Roinn 4 a’ toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a’ mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha Achd 2010 ag òrdachadh gum bi a’ chomhairle a’ beachdachadh air agus an uair sin ag ullachadh aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a’ mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a’ chiad mholadh, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingeann a chaidh a thogail anns a’ phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus òganaich sna sgoiltean; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a’ mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhan a leanas os làimh:

- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh ceangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- beachdachadh bhìortual le luchd-comhairle buntainneach.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Inbhir Chluaidh os làimh co-chomhairleachadh air a’ mholadh/na molaidhean aca a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#). Ruith an co-chomhairleachadh foirmeil bho 1 Gearran 2022 gu 18 Màrt 2022. Chaidh am pàipear molaidh a sgaoileadh gu raon farsaing de luchd-ùidhe. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-com-pàirt freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh reachdail le litir no gu dealanach. Dh’ullaich a’ chomhairle suirbhidh, agus fhuaradh 31 freagairt air ais. Tha na leanas mar gheàrr-iomradh àrd-ìre de na beachdan a thàinig bhon fheadhainn a fhreagair.

- Dh'aontaich a' mhòr-chuid (71%) ris a' mholadh sgìrean-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig.
- Bha a' mhòr-chuid (81%) ag aontachadh gum bu chòir do raon an ùghdarras ionadail air fad a bhith mar an sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig.
- Bha a' mhòr-chuid (77%) ag aontachadh gum bu chòir do chlann a bhith a' faighinn còmhhdail an-asgaidh ma bha iad a' fuireach na b' fhaide air falbh na mìle air slighe coiseachd iomchaidh.

2.2 Chùm a' chomhairle dà choinneimh phoblach gus barrachd co-chomhairleachadh a dhèanamh mun mholadh. Dh'fhaodadh luchd-ùidh na coinneamhan sin a fhrithealadh no a thighinn a-steach thuca a' cleachdadh teicneòlas didseatach. Fhritheil na bu lugha na deichnear na coinneamhan sin. Thug an fheadhainn a bha an làthair taic dhan mholadh. Chleachd iad a' choinneamh gus beagan phuingeann a shoilleireachadh leis an ùghdarras ionadail. Rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh co-chomhairleachadh le àrd-stiùirichean, luchd-obrach, pàrantan agus clann gus beachdan fhaighinn agus gus bruidhinn mu na buannachdan foghlaim a thigeadh bhon mholadh, nan deigheadh a chur an cèill. Fhuair sinn fianais làidir mu cho-aonta mun sgìre-foghlaim a bha air a mholadh. Bha an luchd-ùidh deimhinneach gum bu chòir còmhhdail an-asgaidh a bhith ann dhan fheadhainn a bha a' fuireach na b' fhaide air falbh na mìle air slighe coiseachd iomchaidh. Bha beagan uallaichean aig pàrantan a bha a' gabhail a-steach ro-innleachd adhartach a bhith aig a' chomhairle airson Foghlam Meadhan Gàidhlig gus a bhith a' tabhann cothroman ionnsachaidh leantainneach 3-18. Cha do fhreagair Bòrd na Gàidhlig ris a' cho-chomhairleachadh. Ach, tha iad a' co-obrachadh leis a' chomhairle a thaobh an ro-innleachd fad-ùine airson na Gàidhlig. Aig an àm a tha an làthair, tha Comhairle Rinn Friù a' cleachdadh seirbheisean tro Mheadhan na Gàidhlig na comhairle. Chan eil iad air freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha am moladh seo bhon chomhairle, ma thèid aontachadh ris, a' leasachadh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile. Tha seo a' toirt taic do bhuilean cho-ionannachd, ceartas agus in-ghabhaltas aig ìre na bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' cuideachadh na comhairle ann a bhith a' coinneachadh ri amasan am Plana Gàidhlig. Tha pàrantan a' faireachdainn gu bheil an comas aig a' mholadh na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a mheudachadh. Bha iad cuideachd a' faireachdainn gum faodadh an t-seirbheis a bhith air a cur air adhart nas fheàrr. 'S e dleastanas reachdail a th' ann an seo.

3.2 Tha pàrantan a' meas gum faodadh am moladh seo bacaidhean a lùghdachadh dhaibh ann a bhith a' faighinn cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha na bacaidhean lùghdaichte sin a thaobh ionmhas, tèarainteachd siubhail, a bhith nas comasaich ann a bhith a' cothromachadh dealasan a thaobh na h-obrach aca agus cothrom an cloinne air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Nas cudromaich tha, mar as sìmplidh a tha am pròiseas airson clàradh gu P1 ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, gun iarrtas suidheachaidh a dhèanamh chun na comhairle, a' toirt co-ionannachd nas fheàrr ris an earrann Bheurla. Bha pàrantan a' faireachdainn gun robh am moladh mar phàirt den mhodh-obrach ro-innleachdail a bha riatanach airson a bhith a' solair Foghlam Meadhan Gàidhlig 3-18 adhartach.

4. Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air beachdachadh air moladh Comhairle Inbhir Chluaidh gus sgìre-foghlaim a' gabhail a-steach roinn na comhairle air fad a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Chnoc a' Chonaisg. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gu bheil comas aig a' mholadh buannachdan foghlaim a libhrigeadh. Thathar air gabhail gu math ris a' mholadh a thaobh a' chomais a tha aige sochairean foghlaim co-cheangailte

ri Foghlam Meadhan Gàidhlig a neartachadh. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' moladh gum biodh sochairean foghlaim air an àrdachadh nas motha le soilleireachd mu solar àrd-sgoile taobh a-staigh na sgìre-foghlaim a tha air a mholadh.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Am Màrt 2022